

# Adhbharan airson gun do ghabh Beurla àite na Gàidhlig mar chànan



Bha Gàidhlig aig cridhe beatha na h-Alba tràth sna meadhan-aoisean. B' e a' Ghàidhlig prìomh chànan **siobhaltachd**, **cultar** agus riaghladh na h-Alba aig an àm sin.

Thòisich Gàidhlig a' gluasad air falbh beag air bheag bhon phrìomh àite seo ann am meadhan an 11mh linn agus chùim an gluasad a' dol thairis air grunn **linntean**.

**Chaill a' Ghàidhlig a h-àite an toiseach ann am meadhan agus an ceann a deas na h-Alba.**

Cha b' e **inimrichean** – **daoine a ghluais dhan àite** – le Beurla a rinn seo ach Angla-Normanaich le Fraingis a dh'fhuirich ann an Alba an dèidh **Blàr Hastings**.

